



COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

SEIRBHEIS FOGHLAIM CULTAIR AGUS SPÒRS

**ROGHAINN PHÀRANT – IARRTASAN AIRSON ÀITEACHAN
SGOILE**

Am Faoilleach 2011

ROGHAINN PHÀRANT – IARRTASAN AIRSON ÀITEACHAN SGOILE

Mar phàrant tha làn-chòir agaibh iarraidh gun tèid am pàiste (no a' chlann) agaibh fhoghlamachadh ann an sgoil eile seach an sgoil ionadail. Tha seo a' buntainn a-mhàin ri bun-sgoil is àrd-sgoil agus chan eil ri solar ro-sgoile no sgoil-àraich. 'S e iarrtas àite an t-ainm a tha air an iarrtas seo.

Ma tha sibh airson iarrtas àite sgoile a chur a-steach airson barrachd air aon sgoil, beachdaichidh an t-ùghdarras air a' chiad sgoil a thèid ainmeachadh a-mhàin. Tha an dleastanas seo air a mhìneachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba).

Tha adhbharan matha foghlaim ann airson dèanamh cinnteach gu bheil clann a' gluasad gu sgoil ùr no a' tòiseachadh ann an sgoil ùr aig toiseach seisean sgoile. Tha sinn gu mòr a' moladh do phàrantan uile a tha a' beachdachadh air iarrtas a dhèanamh (seach feadhainn a tha a' gluasad gu dachaigh no sgìre ùr) gun dèan iad seo.

Thèid gach oidhirp a dhèanamh gus feuchainn ri coinneachadh ri miannan phàrantan ach chan urrainnear an-còmhnaidh gach iarrtas gu sgoil sònraichte aontachadh. Chan eil pàiste a tha air a chlàradh ann an clas sgoil-àraich taobh a-muigh sgìre ionadail a' dol gu fèin-ghluasadach gu clas P1, agus chan eil iad a' dol air adhart gu fèin-ghluasadach bhon bhun-sgoil dhan àrd-sgoil nas mò. Bhiodh feum air iarrtas àite eile.

1 Mar a bu Chòir Iarrtas Sgoile a Dhèanamh

Ma tha sibh airson iarrtas àite a chur a-steach, feumaidh sibh foirm iarrtas àite a lionadh, agus gheibh sibh seo bhon Oifis Sgìre Foghlaim, Cultair agus Spòrs agaibh, no tron cheangal

<http://www.highland.gov.uk/NR/rdonlyres/F170FFE0-CA4D-484B-85AB-B49C8EB15A43/0/placingrequestsform2008.pdf>

Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre Gallaibh, Cataibh is Taobh Sear Rois

Druim Mhuighe
Goillspidh
Cataibh
KW10 6TA
Fòn: 01408 635347 Facs: 01498 634041

Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre Ros, An t-Eilean Sgitheanach is Loch Abar

Sràid a' Chaisteil
Inbhir Pheofharain
IV15 9HU
Fòn: 01349 863441 Facs: 01349 863994

Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre Inbhir Nis, Inbhir Narann agus Bàideanach is Srath Spè

13 Sràid Àird Rois
Inbhir Nis
IV3 5NS
Fòn: 01463 663800 Facs: 01463 663809

Bidh fios agaibh ro àm an ath-thagraidh, carson a chaidh an t-iarrtas àite agaibh a dhiùltadh agus bidh cothrom agaibh ath-thagradh a dhèanamh gu pearsanta no tro riochdaire, ge brith dè as fheàrr leibh.

Ma thèid an t-ath-thagradh agaibh a dhiùltadh tha làn-chòir agaibh ath-thagradh a bharrachd a dhèanamh chun an t-Siorraim. Ma dhiùltas an Tribiunal an t-iarrtas agaibh, tha làn-chòir agaibh ath-thagradh tron lagh do Chùirt an t-Seisein.

1.1 Clann san Aon Teaghlach

Ma tha piuthar no bràthair aig a' phàiste agaibh a' dol dhan sgoil roghnaichte nuair a thig an t-iarrtas àite gu buil m.e. latha tòiseachaidh na sgoile san Lùnastal ma tha sibh a' cur a-steach tagradh airson àite aig tòiseach seisein ùir, feuch gun innis sibh sin dhuinn air foirm-tagraidh an iarrtais àite.

1.2 Mar a Thathar a' Dèanamh Cho-dhùnaidhean:

Nuair a tha co-dhùnadh ga dhèanamh mu inntreigeadh thèid beachdachadh air na leanas ann an òrdugh prìomhachais:

1. Sgoilearan a tha a' fuireach taobh a-staigh Sgìre na Gàidhealtachd.
 2. Sgoilearan a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìre-glacaidh na sgoile roghnaichte.
 3. Adhbharan meidigeach dearbhte no feumalachdan taice a bharrachd a bhiodh air am frithealadh na b' fheàrr san sgoil sin.
 4. Clann eile san teaghlach a' frithealadh na sgoile sin aig an àm.
 5. Creideamh cràbhach (sgoiltean seòrsaichte a-mhàin).
 6. Nuair nach eil cùrsaichean oideachaidh sònraichte rim faighinn san sgoil ionadail.
 7. A' frithealadh bun-sgoil chaidreachail (iarrtasan ÀS1a-mhàin).
 8. Fagasachd na dachaigh chun na sgoile.
 9. Sàbhailteachd rathaid/furastachd siubhail.
- Aon uair 's gum bi pàiste bho thaobh a-muigh na sgìre-glacaidh air àite fhaighinn cha tèid iarraidh orra gluasad gus àite a thoirt do phàiste a tha air ùr thighinn dhan sgìre-ghlacaidh.
 - Thèid àite a chumail san sgoil ionadail do chloinn dhan deach tagradh a dhèanamh ann an sgoil eile gus am faighear fiosrachadh mun iarrtas.
 - Gu gnàthach, cha shuidhich iarrtas soirbheachail a thaobh roghnachaidh bun-sgoile pàiste san àrd-sgoil chaidreachail ma tha seo eadar-dhealaichte bho àrd-sgoil **ionadail** a' phàiste. Feumar iarrtas àite eile a chur a-steach.

1.3 Adhbharan airson Iarrtas Sgoile a Dhiùltadh

Is dòcha gun diùlt Comhairle na Gàidhealtachd àite do phàiste san sgoil a tha pàrant ag iarraidh, gus àiteachan a ghleidheadh do chloinn aois sgoile bho theaghlaichean a bhios a' tighinn a-steach is a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìre-glacaidh na sgoile, no airson gin de na h-adhbharan a leanas.

a) Le bhith a' toirt àite dhan phàiste san sgoil:

- gum feumadh an t-ùghdarras tidsear a bharrachd fhastadh;
- gum biodh tòrr cosgais an lùib a bhith a' leudachadh no ag atharrachadh thogalaichean no ghoireasan a' buntainn ris an sgoil;
- gum biodh seo fìor mhillteach air foghlam leantainneach a' phàiste;
- gum biodh seo buailteach fìor mhilleadh a dhèanamh air òrdugh is ceannsachadh san sgoil;
- gum biodh seo buailteach fìor mhilleadh a dhèanamh air mathas foghlaim nan sgoilearan a tha innte;
- gum bi feum air clas no tidsear a bharrachd a chur an dreuchd aig ìre nas anmoiche ann am foghlam a' phàiste sa bhun-sgoil fiù 's nam fanadh àireamhan sgoilearan aig an aon ìre;
- gum bithear a' dol thairis air an àireimh iomlan a ghabhas an sgoil, fiù 's ged a bhiodh àite ri faotainn sa chlas agus ged nach biodh goireasan a bharrachd a dhith;

b) Mura h-eil am foghlam a tha air a thoirt seachad san sgoil a' freagairt air aois, comas no liut a' phàiste;

c) Ma tha an t-ùghdarras Foghlaim mar-thà air iarraidh nach leanadh am pàiste air adhart a' frithealadh na sgoile sin.

1.4 Ùine airson Tighinn gu Co-dhùnaidhean

Tha an ùine a tha ri faotainn airson co-dhùnaidhean a ruighinn a thaobh iarrtasan àite air a mhìneachadh gu h-ìseal.

- Ma tha sibh airson ur pàiste a chur dhan sgoil a roghnaicheas sibh fhèin aig toiseach bliadhna na sgoile san Lùnastal feumaidh an t-iarrtas agaibh a bhith a-staigh ro 15 Màrt. Gheibh sibh co-dhùnadh ro 30 Giblean ;
- Ma chuireas sibh iarrtas a-steach airson teirm ùr sgoile an dèidh 15 Màrt thèid freagairt a chur thugaibh taobh a-staigh 2 mhìos an dèidh dhan iarrtas a dhol a-steach;
- Ma tha sibh airson ur pàiste a ghluasad rè bliadhna na sgoile, thèid freagairt a chur thugaibh taobh a-staigh 2 mhìos an dèidh ur n-iarrtas fhaighinn.

Thèid fios a chur thugaibh cho luath 's a ruigear co-dhùnadh agus ma bhios sibh soirbheachail cuiridh an sgoil fios thugaibh gus an tèid cùisean a thaobh clàraidh a chur air dòigh.

1.5 Ma Thèid ur n-Iarrtas a Dhiùltadh – Ath-thagraidhean

Ma thèid ur n-iarrtas a dhiùltadh faodaidh sibh ath-thagradh a chur gu comataidh ath-thagraidh. Mura faigh sibh freagairt taobh a-staigh na h-ùine gu h-àrd, tha sin a' ciallachadh gun deach an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Ann an cùisean co-cheangailte ri diùltadh phàiste no òigeir aig a bheil plana taice co-òrdanaichte no plana a thathar a' deasachadh, bu chòir an t-ath-thagradh a chur gu Tribiunal. Thèid gach oidhirp a dhèanamh gus dèanamh cinnteach nach tachair seo.

Tha fiosrachadh mu mhodhan ath-thagraidh ri fhaighinn bho Oifis Seirbheis Foghlaim, Cultair is Spòrs na Sgìre agaibh (fiosrachadh seòlaidh aig crìoch na sgrìobhainn seo).